

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL ALBA

PLANA GÀIDHLIG 2018-2023

CHaidh an Dreachd seo den Phlana
Ullachadh fo Earrainn 3 de Dh'achd
na Gàidhlig (Alba) 2005



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

DÙN STAIDHINIS NAN
STUADHAN ÀRDA
'S AN DO THUINICH
RÌGH NA
GÀIDHEALTACHD
'S IOMADH IARLA
THIG LÈ BÀTA
'S LE SHÙIL BHÀNA
DH'AMHARC AIR.



CLÀR-INNSE



Fàilte	3
Facal-tòisich.....	4
Mu dheidhinn Àrainneachd Eachdraidheil Alba	5
Adhartas leis a' Ghàidhlig nar n-obair	6
Ar prìomhachasan airson na Gàidhlig.....	7
Mar a chuireas sinn a' Ghàidhlig air adhart	10
Ar Prìomh Gheallaidhean	11
A' Measadh na tha Sinn a' Coileanadh	15
Coileanadh is Sgrùdadh ar Plana Gàidhlig	17
Cuiribh fios thugainn.....	18



© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2018

Gabhaidh an fhiosrachadh seo a chleachdadh (seach suaicheantas is dealbhan) saor an-asgaidh ann am fòrmat no meadhan sam bi, fo stèidh Ceadachas Fosgailte an Rìaghaltais V3.0 ach far a thèid ainmeachadh.

Airson sùil a chuir air a' chead seo, theirig gu: <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> no sgrìobh thugainn dhan Information Policy Team, Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d ionnsaidh: psi@nationalarchives.gov.uk

Far an deach còir-lethbhreac bho threas pàrtaidh ainmeachadh, bi agaibh ri cead fhastadh bhon bhuidheann aig a bheil an seilbh.

Ma bhios ceistean agaibh co-cheangailte ris a' phlana

Cuiribh fios ionnsaidh
Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Taigh Longmore
Salisbury Place
Dùn Èideann
EH9 1SH
+44 (0) 131 668 8600
www.historicenvironment.scot

Faodar am Plana seo a' luachad a-nuad bhon làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot

FÀILTE

Fàilte oirbh chun a' *Phlana Ghàidhlig 2018-2023*
airson Àrainneachd Eachdraidheil Alba (ÀEA)

Sa Phlana seo, tha sinn ga dhèanamh follaiseach gu bheil e na amas dhuinn cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart agus aithne a thoirt dhaibh mar phàirt cudromach is prìseil de dh'àrainneachd eachdraidheil na h-Alba.

Chaidh ar prìomhachasan, geallaidhean is dòighean-measaidh a dhealbh thairis air a' bhliadhna gu leth a dh'fhalbh, agus sinn a' gabhail ealla ri beachdan a fhuaras bho luchd-ùidhe air taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, buidhnean com-pàirteach, Bòrd na Gàidhlig agus bhon phoball tro cho-chomhairleachadh a chaidh a chumail fad 12 seachdain.

Tha structar a' Phlana agus na prìomh gheallaidhean a' buntainn ri ar còig raointean ro-innleachdail:
Stiùireadh, Tuigse, Dion, Luach agus Coileanadh.

Cuidichidh an dòigh-obrach ùr seo, a thaobh planadh airson na Gàidhlig, le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid ar poileasaidh Gàidhlig fhisge a-steach don bhuidhinn air fad, agus bheir e tuigse nas fheàrr don luchd-obrach againn air mar a ghabhas Gàidhlig a cleachdadh sna dreuchdan aca.



FACAL-TÒISICH

Mar a' phrìomh bhuidheann phoblach le uallach airson àrainneachd eachdraidheil na h-Alba, tha sinn airson dèanamh cinnteach gun dèan sinn a h-uile rud as urrainn dhuinn gus àite na Gàidhlig ann an àrainneachd eachdraidheil na h-Alba aithneachadh is a chur air adhart.

Thoradh, tha an cànan air buaidh mhòr a thoirt air eachdraidh na dùthcha, agus tha buaidh a' chànain ri faicinn ann an tòrr de ar coimhearsnachdan, ann an làraichean eachdraidheil, an lùib ealain co-cheangailte ri cruth na tìre, ann an sgeulachdan agus nar dòigh-beatha. Tha cultar na Gàidhlig cuideachd prìseil agus na phàirt cudromach de dhualchas na h-Alba, agus e a' tarraing luchd-turais bho air feadh na dùthcha, agus bho air feadh an t-saoghail.

Leis a' chiad *Phlana Gàidhlig* againn bho chaidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba (ÀEA) a chur air bhonn, tha sinn a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil togail air na choilean sinn a-cheana agus sinn ag ainmeachadh sia prìomh raointean air am bi sinn ag amas gu sònraichte mar bhuidhinn thairis air còig bliadhna. Chaidh na raointean seo a

chomharrachadh gus cleachdadh na Gàidhlig agus mothachadh air a' chànain a bhrosnachadh am measg ar luchd-obrach, agus gus daoine ann an Alba agus luchd-turais a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh is a' togail ùidh sa Ghàidhlig.

'S e Plana airson an latha an-diugh a tha seo a tha a' toirt fa-near don iomadh cothrom ùr a th' ann gus an cànan a chur air adhart, an dà chuid tron obair againn fhìn agus ann an com-pàirt ri buidhnean eile. Bidh sinn ag obair gus susbaint, goireasan agus seirbheisean Gàidhlig ùra is inntinneach a chruthachadh airson an eadar-lìn agus teicneòlas didseatach. Le bhith a' dèanamh sin thèid againn air ar n-obair leis a' Ghàidhlig a shanasachd do bharrachd dhaoine, agus cuidichidh sin le bhith a' tarraing aire a' phobaill chun a' chànain agus chun an àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an eachdraidh is dualchas na h-Alba.

Air feadh ar n-òighreachd agus aig grunn de na làraichean againn, neartaichidh sinn ar seirbheisean do luchd-tadhail agus sinn a' cur cànan is cultar na Gàidhlig air adhart tro ar sgioba is goireasan mìneachaidh, goireasan cultarach, agus ar sgiobaidhean ionnsachaidh is reic.

Tha cànan is cultar na Gàidhlig air seasamh gu daingeann ann an sruth caochlaideach ar n-eachdraidh. Tha sinn an dòchas le bhith a' toirt taic don *Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2017-2022*, gun urrainn dhuinn cuideachadh le bhith a' gleidheadh suidheachadh a' chànain san àm ri teachd.

Alex MacPheadrais
Àrd-oifigear

Tha Cànan is
cultar na Gàidhlig
air seasamh gu
daingeann ann an
sruth caochlaideach
ar n-eachdraidh.



MU DHEIDHINN ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA

'S e sinne a' **phrìomh bhuidheann phoblach le uallach airson àrainneachd eachdraidheil na h-Alba.**

Tha àrainneachd eachdraidheil na h-Alba na pàirt de ar beatha làitheil: tha i a' gabhail a-steach ar caistealan, tursachan agus tìr na dùthcha; ar factaraidhean, muilnean agus gàrraidhean-iarrainn; ar dachaighean, ar sràidean agus sgeulachdan eile. Tha i a' cur ri fàs eaconamach, tro bhith tarraing luchd-turais agus a' brosnachadh ath-nuadhachadh agus leasachaidhean seasmhach agus tha iomadh seòrsa adhartais eile ri fhaicinn mar thoradh air an àrainneachd eachdraidheil.

Tha sinn:



nar buidheann-charthannais a nì dìon air àiteachan is làraichean ann an Alba nar linn fhìn agus a ghlèidheas an àrainneachd eachdraidheil agus gach buannachd a tha na lùib airson nan ginealaichean ri teachd



nar buidheann le uallach airson barrachd àiteachan ann an Alba na buidheann sam bith eile far am bi luchd-turais a' pàigheadh airson tadhal orra agus sinn a' ruith 71 làraichean gu coimeirsealta



nar prìomh bhuidheann le uallach airson a bhith libhrigeadh na ro-innleachd airson àrainneachd eachdraidheil na h-Alba, 'Sinn Fhìn anns Gach Linn', agus sinn ag obair le ar luchd-compàirt gus am bi tuigse againn air an luach anabarrach mòr a th' anns an àrainneachd eachdraidheil, gus an dèanar dìon oirre agus gus an luach sin a thoirt am follais



a' toirt seachad tabhartasan luach còrr is £14 millean gach bliadhna, airgead a tha brosnachadh ath-nuadhachadh, a' toirt bhuanachdan do choimhearsnachdan, a' cur leasachadh eaconamach is dùthchail seasmhach air adhart agus a tha a' daingneachadh fhreumhan ionadail agus a' neartachadh a' cheangail eadar daoine is àiteachan



a' toirt stiùireadh don obair gus rannsachadh a dhèanamh agus tuigse fhaighinn air an àrainneachd eachdraidheil agus gus dèiligeadh ris a' bhuaidh a bheir atharrachaidhean air a' ghnàth-shìde oirre



a' dìon ar n-àiteachan agus a' brosnachadh leasachaidhean seasmhach tro bhith a' buileachadh inbhe-chomharraichte air nithean is àiteachan prìseil san àrainneachd eachdraidheil, a' dèiligeadh ri ceadan cocheangailte ri carraighean clàraichte, agus tro na dleasan againn mar bhuidheann-chomhairleachaidh reachdail



a' gabhail cùram de chòrr is 300 làrach is togalach a tha cudromach gu nàiseanta air feadh na dùthcha



a' toirt comhairle, stiùireadh agus trèanadh seachad agus a' brosnachadh dhaoine gu bhith gabhail pàirt ann an cùisean tro phrògraman foghlaim, co-chonaltraidh agus gus sgilean a cho-roinn



a' coimhead às dèidh chruinneachaidhean de stuthan tasglainn aig a bheil cliù eadarnàiseanta a bhuineas ris an àrainneachd eachdraidheil, a' gabhail a-steach còrr is 5 millean dealbh, dealbhan-camara agus làmh-sgrìobhainnean



ADHARTAS LEIS A' GHÀIDHLIG NAR N-OBAIR

Ìomhaigh is ìomhaigheachd

Tha sinn air a chur romhainn suaicheantas, fo-ìomhaigh Alba Aosmhor agus soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh a bhios a' nochdadh air èideadh an luchd-obrach uile, carbadan agus air pàipearachd na buidhne.

Conaltradh

Bidh sinn a' sgaoileadh bhrathan-naidheachd dà-chànanach gu h-ionadail, gu nàiseanta agus aig ìre roinneil agus bidh sinn a' sealltainn stuthan Gàidhlig ùra is spòrsail air-loidhne.

Stuthan Foillsichte

Tha 45 leabhraichean is bileagan Gàidhlig co-cheangailte ris an àrainneachd eachdraidheil rim faotainn air an làrach-lìn againn agus tha 77 goireasan Gàidhlig san leabharlann againn.

Luchd-obrach

Ann an 2012, bha 70 per cent de luchd-obrach Alba Aosmhor mothachail air dleasan na buidhne ionnsaidh na Gàidhlig, is bha 30 per cent le comas air choireigin aca leis a' Ghàidhlig. Thathar a' tomhais gum bi an àireamh seo a-nis tuilleadh as àirde am broinn am buidheann ùr againn.

Thairis air na còig bliadhna a dh'fhalbh, tha sinn air a' Ghàidhlig a chur air adhart tro. *Phlana Gàidhlig Alba Aosmhor airson 2012-2017*

Seirbhisean ionnsachaidh is coimhearsnachd Gàidhlig

Bidh sinn a' toirt taic do dh'ionnsachadh is foghlam na Gàidhlig ann an Alba tro phròiseactan, gnìomhan agus goireasan airson sgoilearan Gàidhlig is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an sgoiltean. Tha sinn cuideachd air com-pàirteachasan a stèidheachadh le ùghdarrasan ionadail gus cothroman trèanaidh a thaobh Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach a thoirt do thidsearan a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig.

Gàidhlig air-loidhne

Tha Gàidhlig mar phàirt den t-susbaint air-loidhne againn agus i a' nochdadh air ar meadhanan sòisealta is blogaichean, agus an lùib mheadhanan spòrsail is cruthachail eile air-loidhne.

Mìneachadh ann an Gàidhlig aig ar làraichean

Tha Gàidhlig mar phàirt de na stuthan-mìneachaidh aig 29 de ar làraichean. Tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh an lùib diofar mheadhanan leithid thachartasan, cuairtean le clàradh-fuaime, taisbeanaidhean, soidhnichean, leabhraichean agus susbaint dhìseatach. Nuair a thathar a' beachdachadh air stuthan-mìneachaidh a dhealbhadh do luchd-tadhair, thèid beachdachadh air dè an ìre de Ghàidhlig a tha dhith a rèir gach suidheachaidh fa leth. Ma tha stuthan-mìneachaidh Gàidhlig gu bhith ann, bidh iad sin gu tur dà-chànanach, no bidh Gàidhlig mar phàirt dhiubh. Le bhith a' cleachdadh Gàidhlig gus làraichean a mhìneachadh, tha sinn a' feuchainn ri cunntas a thoirt seachad air cultar na Gàidhlig a tha stèidhichte air an fhianais as fheàrr a th' againn.



THA CÒRR IS

4,000

SGOILEAR IS TIDSEAR
AIR BUANNACHDAN
FHAIGHINN BHON
PHRÒGRAM IONNSACHAIDH
GHÀIDHLIG AGAINN

THA  **7**
A-MACH
À 10

DE NA BHIDIOCHAN
YOUTUBE AGAINN
AS MOTHÀ AIR AN
DO CHOIMHEAD
DAOINE A' BUNTAINN
RIS A' GHÀIDHLIG!

AM MEASG NAN
LÀRAICHEAN LE
TÒRR FIOSRACHAIDH
SA GHÀIDHLIG THA:

- > TAIGH-DUBH ÀRNOIL
- > ABAID EILEAN Ì
- > TURSACHAN CHALANAIS
- > CROIS CHILL DALTAIN



AR PRÌOMHACHASAN AIRSON NA GÀIDHLIG

Tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann an eachdraidh is dualchas na h-Alba agus tha i air buaidh nach beag a thoirt air an eachdraidh is an dualchas sin, a' gabhail a-steach tòrr de thìr na dùthcha, ar coimhearsnachdan, ar n-ealain agus ar dòighean-beatha. Leis a' Phlana seo, agus le bhith toirt ar prìomhachasan airson na Gàidhlig gu buil, tha sinn ag amas air muinntir na h-Alba agus luchd-tadhail a bhrosnachadh gu bhith faighinn barrachd tuigse air cànan is cultar na Gàidhlig agus gu bhith faireachdainn gum buin an cànan is cultar sin dhaibh fhèin.

1. A' cur na Gàidhlig air adhart mar phàirt den àrainneachd eachdraidheil

Tha sinn a' toirt aithne don àite shònraichte a th' aig cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt de dh'eachdraidh na h-Alba is cultar na h-Alba san latha an-diugh, agus tha ceangal aig a' chànan ri tòrr de na làraichean agus stuthan tasglainn a tha fo ar cùram. Mar sin, tha sinn air a chur romhainn cumail oirnn a' brosnachadh barrachd tuigse air an àite a th' aig a' Ghàidhlig san àrainneachd eachdraidheil agus tòisichidh sinn iomairtean ùra far am bithear a' cur na Gàidhlig air adhart barrachd an lùib ar n-obrach.

2. A' toirt Taic do Choimhearsnachdan Gàidhlig

Tha e deatamach gun tèid taic a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid an cànan is cultar a dhaingneachadh is a neartachadh. Togaidh sinn air ar n-obair coimhearsnachd ann an Gàidhlig, agus sinn a' togail cheanglaichean ri coimhearsnachdan tro ar prògram Ionnsachaidh, Thachartasan is Luchd-obrach Saor-thoileach.

3. A' Toirt Taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig

Nì sinn sgrùdadh air ar prògram ionnsachaidh Gàidhlig gus an urrainn dhuinn taic nas fheàrr agus nas iomchaidh a thoirt do dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig, agus cuidichidh sin le bhith gleidheadh suidheachadh na Gàidhlig air stèidh dhaingeann san àm ri teachd.

4. A' Dearbhadh agus a' Cur air Adhart Luach na Gàidhlig

Tha rannsachadh a rinn VisitAlba agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean air sealltainn gu bheil ùidh mhòr aig tòrr luchd-tadhail a thig a dh'Alba ann an cànan is cultar na Gàidhlig, agus gum faod an cànan cur ris an teachd-a-steach aig gnothachasan. Nì sinn rannsachadh air an luchd-tadhail againn agus mion-sgrùdadh air mar a tha daoine a' gabhail cothrom air ar susbaint, bathar agus seirbheisean Gàidhlig agus nì sinn co-roinn air toraidhean an rannsachaidh sin le buidhnean com-pàirteach gus cuideachadh le bhith dealbh ro-innleachdan margaidheachd.

5. A' Toirt Taic don Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2017-2022

Tha sinn air ar Prìomh Chomharran Coileanaidh sa Phlana againn a dhealbh gus taic a thoirt don *Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2017 - 2022* aig Bòrd na Gàidhlig a tha ag amas air:


- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig.

6. A' Coileanadh Gheallaidhean a Rinn Sinn A-cheana agus A' Togail Chompàirteachasan Ùra

Bheir sinn air adhart prìomh gheallaidhean bho *Phlana Gàidhlig Alba Aosmhor 2012-2017* a bhuineas ris na seirbheisean poblach dàchànanach a tha sinn a' tabhann, a' gabhail a-steach shoidhnichean, agus cumaidh sinn oirnn a' togail cheanglaichean ùra thar ar diofar roinnean, agus cruthaichidh sinn compàirteachasan a leigeas leinn goireasan is fiosrachadh a cho-roinn.







CEANN-UIDHE NAN GÀIDHEAL
FAR AN SUIDHEADH IAD STÀITEIL,
GHEIBHTE ROGHA GACH ÀITE DHAIBH RÈIDH



MAR A CHUIREAS SINN A' GHÀIDHLIG AIR ADHART

Cuiridh sinn a' Ghàidhlig air adhart tro:

Ar Luchd-obrach

Tha sinn a' tuigsinn gum bi an taic as urrainn dhuinn a thoirt don Ghàidhlig an urra ris na comasan, sgilean agus an t-eòlas a th' aig ar luchd-obrach.

Sin carson a tha sinn a' dol a stiùireadh na h-obrach gus prògram trèanaidh ùr a stèidheachadh le cùrsaichean is goireasan a tha comharrachadh chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh an lùib ar n-obrach làitheil agus phròiseactan co-cheangailte ri Dualchas is Turasachd.

Ar goireasan

Tha sinn air goireasan feumail a leasachadh airson togail is cur air adhart na Gàidhlig. A leithid mar ar co-fhaclair na Gàidhlig stèidhichte air faclan a bhuineas ri dualchas. Nì sinn barrachd gus leasachadh is brosnachadh na goireasan ionnsachaidh againn airson ar luchd-obrach, agus airson duine sam bith aig taobh a-muigh na buidhne.

Ar Seirbheisean do Luchd-tadhail

Nuair a thèid sgeulachdan na h-Alba innse tro ar làraichean, feumaidh an cultar is na cànanan a bhuineas ris na làraichean sin a bhith follaiseach mar phàirt den sgeulachd.

Tha a' Ghàidhlig glè thric na pàirt den sgeulachd, agus ann an àiteachan mar Chaisteal Chiosamuil ann am Barraigh, no Taigh-dubh Àrnoil ann an Leòdhas, cha b' urrainnear cunntas ceart a thoirt air eachdraidh nan làraichean sin gun a bhith a' dèanamh follaiseach an ceangal a th' aca ri cànan is cultar na Gàidhlig.

Tha grunn àiteachan aig ÀEA a tha suidhichte ann an sgìrean a tha gu tric air an aithneachadh mar sgìrean le ceangal ri cultar na Gàidhlig agus bidh ar seirbheisean do luchd-tadhail a' toirt sin fa-near. Ge-tà, tha buaidh is ruigsinn na Gàidhlig gu h-eachdraidheil a' dol nas fhaide na thathar a' gabhail ris gu h-àbhaisteach, agus bidh ceanglaichean ann nach deach a lorg fhathast.

Tro choimiseanan rannsachaidh ùra, bidh sinn a' rannsachadh is a' dèanamh follaiseach na ceanglaichean a th' ann eadar ar làraichean is dualchas nan diofar chànanan a bhuineas riutha, agus e na amas dhuinn sealltainn tro ar seirbheisean do luchd-tadhail dè a' bhuidhe a th' aig cultar na Gàidhlig air eachdraidh is dualchas beò na h-Alba.

Aig Caisteal Urchadain, cuiridh sinn pròiseact air dòigh far an dèanar feum den eòlas is na goireasan aig seirbheisean ionnsachaidh ÀEA, ar seirbheisean-reice, ar sgioba mìneachaidh agus ar seirbheisean trèanaidh. Bidh sinn ag obair còmhla ri luchd-obrach Chaisteil Urchadain, agus gheibh sinn beachd math air dè dh'obraicheas, agus e na amas dhuinn gum bi eisimpleir mhath den t-seòrsa obrach seo againn an uair sin a ghabhas a chur gu feum airson làraichean eile air feadh na dùthcha.

Ar Tasglannan is Cruinneachaidhean

Tha nithean cudromach a bhuineas ri cultar na Gàidhlig am measg nam mìltean de bhuill- shampaill agus còrr is 5 millean nì eile a tha fo ar cùram is dìon mar phàirt de na Cruinneachaidhean is Clàran Nàiseanta.

Tha e na amas dhuinn na nithean aig a bheil ceangal sònraichte ri cànan is cultar na Gàidhlig a chomharrachadh agus na ceanglaichean sin a dhèanamh follaiseach nuair a thèid na rudan sin a thaisbeanadh.

Ar Modhan-conaltraidh

Bidh fèill mhòr gu tric air susbaint Ghàidhlig a nochdas sna meadhanan is modhan-conaltraidh sòisealta is air-loidhne againn, agus tha 7 a-mach à 10 de na bhidiothan YouTube againn as motha air an do choimhead daoine a' buntainn ris a' Ghàidhlig.

Nì sinn sgrùdadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air an iarrtas a th' ann airson susbaint Ghàidhlig air-loidhne a tha fìor mhath. Le bhith faighinn tuigse air dè tha diofar chuibhreannan den t-sluagh ag iarraidh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, thèid againn air meadhanan Gàidhlig brioghmhor is ealanta a chruthachadh a bhios a' cur cànan is cultar na Gàidhlig air adhart am measg luchd-ùidhe ùra.



AR PRÌOMH GHEALLAIDHEAN

Chithear gu h-ìosal ar prìomh gheallaidhean a tha a' mìneachadh mar a tha sinn a' dol a choileanadh a' *Phlana Ghàidhlig* againn. Le bhith a' roghnachadh ar geallaidhean a dhealbh gus a bheil iad a' co-fhreagairt air raointean ro-innleachdail na buidhne, nì sin cinnteach gun tèid ar n-amasan airson na Gàidhlig fhighhe a-steach do dh'obair ÀEA chun na h-ìre as motha as urrainnear.

STIÙIREADH							
CEANN-UIDHE ➔	A' toirt taic is cuideachadh do agus ag obair còmhla ri daoine eile gus am bi suidheachadh na Gàidhlig tèarainte is làidir san àm ri teachd	A' bhliadhna / na bliadhnaichean san tèid a choileanadh					
Gealladh	Mar a thèid a choileanadh	1	2	3	4	5	
Bheir sinn taic is cothroman do dhaoine le sgilean Gàidhlig gus an urrainn dhaibh cur ri stòras na h-Àrainneachd Eachdraidheil	Ag obair còmhla ri eòlaichean le eòlas air eachdraidh agus dualchas chànanan is dualchas do-bheantainn na h-Alba, eadar-theangachadh, na h-ealain, ainmean-àite, foghlam agus poileasaidhean an Riaghaltas gus ar cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cultar na Gàidhlig na phàirt nas follaisiche is nas motha den àrainneachd eachdraidheil.	✓	✓	✓	✓	✓	
	A' toirt taic is cothroman do choimhearsnachdan, tro ar Ro-innleachd airson Luchd-obrach Saor-thoileach, gus an urrainn dhaibh a dhol an sàs ann agus cuideachadh le obair ÀEA nuair a tha sinn a' dèiligeadh ri luchd-tadhail			✓	✓	✓	✓
Nì sinn follaiseach an luach a tha a' Ghàidhlig a' cur ri Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba	A' toirt taic do VisitAlba agus sinn ag obair còmhla ri buidhnean com-pàirteach san roinn agus buidhnean Gàidhlig gus ro-innleachd turasachd Ghàidhlig nàiseanta a dhealbh agus a chur an gnìomh	✓	✓	✓	✓	✓	
	Ag amas air cuibhreannan sònraichte den t-sluagh agus a' ruighinn air luchd-uidhe ùra tro shusbaint ùr is inntinneach air loidhne, cuimhneachain Ghàidhlig, agus tro bhùithtean-obrach a tha airson sealltainn an luach a th' ann an cultar na Gàidhlig an dà chuid san latha andiugh agus ann an eachdraidh na h-Alba.			✓	✓	✓	✓
	A' cur taic ris na bliadhnaichean le cuspair sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba le pròiseactan is susbaint Ghàidhlig, sponsaireachd is tachartasan		✓	✓	✓	✓	✓



TUIGSE						
CEANN-UIDHE ➔	A' cur sgrùdaidhean, obair rannsachaidh, obair chlàraidh, obair co-roinn agus obair follaiseachd ùr an sàs a bhrosnaicheas daoine gu bhith faighinn barrachd tuigse air a' Ghàidhlig agus gu bhith cleachdadh na Gàidhlig barrachd	A' bhliadhna / na bliadhnaichean san tèid a choileanadh				
Gealladh	Mar a thèid a choileanadh	1	2	3	4	5
Brosnaichidh sinn barrachd tuigse air na ceanglaichean a tha ann eadar a' Ghàidhlig agus an àrainneachd eachdraidheil	Thèid rannsachadh a bharrachd a bharantachadh a bhios a' rùrachadh na ceanglaichean eadar làraichean is toglaichean eachdraidheil fo chùram ÀEA is dualchas chànanach nan sgìrean timcheall orra. Thèid na ceanglaichean seo a chuir air adhart tro shusbaint ann am mineachadh an làraich, is cuideachd tro mheadhanan is susbaint airson air loidhne.	✓	✓	✓	✓	✓
Nì sinn soilleir ciamar a ghabhas Gàidhlig a cleachdadh an lùib susbaint, seirbheisean, pròiseactan agus tachartasan no obair ÀEA	Ag obair ann an co-bhuinn ri Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, gus sgrùdadh a dhèanamh agus cothroman a chomharrachadh far an gabh Gàidhlig a cleachdadh mar phàirt de dhreuchdan an lùib dualchais is turasachd, agus cuiridh sinn air dòigh prògram trèanaidh le goireasan a dh'aona-ghnothach airson a libhrigeadh air feadh na roinne		✓	✓	✓	✓
	Thèid sgrùdadh Gàidhlig a dhèanamh na phàirt de na modhan-obrach aig ÀEA gus measadh a dhèanamh air prìomh phròiseactan is obair ÀEA, a' gabhail a-steach shoidhnichean	✓	✓	✓	✓	✓
	Cruthaichidh sinn, is sgaoilidh sinn iùl air mar a chuireas sibh Gàidhlig ri sanasachd dà-chànanach thar na h-oighreachd	✓	✓	✓	✓	✓
Bidh tuigse nas fheàrr againn air na daoine le ùidh ann an no a tha dèanamh feum de shusbaint, seirbheisean, pròiseactan agus tachartasan Gàidhlig	Thèid dàta a chruinneachadh co-cheangailte ri mar a ghabhas daoine cothrom air, mar a chleachdas iad agus mar a thèid iad an sàs ann an susbaint, seirbheisean, pròiseactan, tachartasan agus ann an gnìomhan Gàidhlig gus am bi tuigse againn air dè tha ag obrachadh gu math. Am measg nan nithean a thèid a sgrùdadh tha: <ul style="list-style-type: none"> • Làrach-lìn ÀEA • Susbaint nam meadhanan sòisealta Gàidhlig • SCRAN • Rannsachadh air luchd-tadhail nan làraichean • Foirmichean Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne • Stuthan foillsichte Gàidhlig • A' reic chuimhneachan Gàidhlig 	✓	✓	✓	✓	✓
	Thèid coimhead air cothroman gus dàta is toraidhean rannsachaidh a cho-roinn le buidhnean com-pàirteach air feadh Alba gus tuigse fhaighinn air mar a tha luchd-tadhail a' dèanamh feum den Ghàidhlig is a' cur eòlas oirre gu nàiseanta				✓	✓
Bidh tuigse nas fheàrr againn air na ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus an àrainneachd eachdraidheil a' gabhail a-steach ar n-oighreachd, cruinneachaidhean agus clàran	Nithear rannsachadh air na Clàran Nàiseanta gus faicinn dè na prìomh thùsan eachdraidheil a th' ann a bhuineas ri cultar na Gàidhlig agus thèid beachdachadh air ciamar a ghabhas an cruinneachadh sònraichte sin a thoirt còmhla is a thaisbeanadh		✓	✓	✓	✓



DÌON						
CEANN-UIDHE ➔	A' dèanamh dìon air suidheachadh na Gàidhlig taobh a-staigh ÀEA, agus taobh a-staigh na h-àrainneachd eachdraidheil tro bhith cosg ionmhas air prìomh iomairtean	A' bhliadhna / na bliadhnaichean san tèid a choileanadh				
Gealladh	Mar a thèid a choileanadh	1	2	3	4	5
Cuiridh sinn airgead ri ionnsachadh na Gàidhlig	Le sgilean Gàidhlig a' toirt am feabhas tro Bhursaraidh airson Sgilean Gàidhlig a Leasachadh do luchd-obrach a tha air ùidh a shealltainn ann a bhith ag àrdachadh nan sgilean Gàidhlig aca agus a sheall ciamar a bhiodh sin feumail nan obair	✓	✓	✓	✓	✓
Bheir sinn taic do choimhearsnachdan gus pròiseactan a bhuineas ri dualchas na Gàidhlig a chur air dòigh	Ì sinn feum den stiùireadh agus na h-eisimpleirean a th' againn airson ar Maoin Taice do Bhuidhnean gus sanasachd a dhèanamh air a' Mhaoin am measg choimhearsnachdan a bhios a' cleachdadh Gàidhlig is Albais, feuch an cuir buidhnean dualchais coimhearsnachd pròiseactan dualchais air adhart às an tig buannachdan cànan is cultarach	✓	✓	✓	✓	✓

LUACH						
CEANN-UIDHE ➔	Nì sinn follaiseach an luach a tha sa Ghàidhlig tro na làraichean is stòrasan a tha fo ar cùram, ar prògram ionnsachaidh, obair coimhearsnachd agus tro bhith a' co-roinn sgilean	A' bhliadhna / na bliadhnaichean san tèid a choileanadh				
Gealladh	Mar a thèid a choileanadh	1	2	3	4	5
Nì sinn co-roinn air goireasan is fiosrachadh a tha dèanamh follaiseach an luach a tha a' Ghàidhlig a' cur ri cultar na h-Alba	Cuiridh sinn ri obair lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus luach na Gàidhlig a chur air adhart am measg ghnòthachasan is an lùib roinn turasachd na h-Alba, agus bidh sinn a' cur dàta is toraidhean rannsachaidh ris a chaidh a cho-roinn le diofar bhuidhnean agus e na amas stiùireadh a thoirt seachad air ciamar a thèid frithealadh air daoine le ùidh ann an cultar na Gàidhlig		✓	✓	✓	✓
Bidh a' Ghàidhlig na pàirt nas motha de na seirbheisean againn do luchd tadhail gus an tèid daoine a bhrosnachadh gu bhith cleachdadh barrachd Gàidhlig	Thèid pròiseact deuchainne a chur an sàs aig Caisteal Urchadain thairis air còig bliadhna le taic bho na Sgiobaidhean Mineachaidh is Ionnsachaidh, Seirbheisean reic agus Seirbheisean Trèanaidh againn leis an amas Gàidhlig a dhèanamh nas follaisiche aig a' chaisteal do luchd-tadhail. Thèid an dòigh-obrach seo a chleachdadh an uair sin mar eisimpleir mhath a ghabhas a chur gu feum airson làraichean eile air feadh na dùthcha	✓	✓	✓	✓	✓
	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air an fhiosrachadh is goireasan Gàidhlig a th' ann do luchd-tadhail an-dràsta, a' gabhail a-steach clàraidhean fuaime, stuthan sgrìobhte/ lèirsinne, agus stuthan foillsichte do luchd-tadhail agus thèid plana ùr a dhealbhadh le prìomh mholaidhean airson a bhith: <ul style="list-style-type: none"> A' meudachadh na th' ann de Ghàidhlig sna stuthan mineachaidh A' gabhail a-steach dualchas cultarach do-bheantainn 			✓	✓	✓
Bheir sinn taic nas fheàrr do dh'Fhoghlam Gàidhlig	Thèid ath-sgrùdadh neo-eisimeileach a bharantachadh air seirbheisean ionnsachaidh Gàidhlig ÀEA a' gabhail a-steach a bhith sireadh bheachdan bho luchd-ùidhe is luchd-cleachdaidh nan seirbheisean sin agus thèid aithisg a sgrìobhadh le prìomh mholaidhean. Thèid na molaidhean sin a chleachdadh gus prògram ionnsachaidh Gàidhlig ùr a chruthachadh a thèid a chur an sàs ann am bliadhna 4	✓	✓	✓	✓	✓



COILEANADH						
CEANN-UIDHE ↻	A' toirt piseach air ar dòighean-obrach gus dèiligeadh ris na dùbhlain a bhios romhainn bho latha gu latha agus na dùbhlain a bhios romhainn san àm ri teachd a thaobh na Gàidhlig	A' bhliadhna / na bliadhnaichean san tèid a choileanadh				
Gealladh	Mar a thèid a choileanadh	1	2	3	4	5
Cuiridh sinn piseach air mar a bhios sinn ag obair ann am com-pàirt le buidhnean eile	Le bhith a' sgrùdadh Phlanaichean Gàidhlig aig buidhnean an sàs ann an dualchas na h-Alba, agus na planaichean aig comhairlean ionadail gus measadh a dhèanamh air far as urrainn dhuinn ag obair còmhla	✓				
	Bidh cultar na Gàidhlig nas follaisiche, is na pàirt na motha den prògram de thachartasan againn tro sheiseanan-obrach is cruthachail, stàilean-fios is tro cheòl is na h-ealain. Bidh sinn cuideachd ag obair còmhla ri buidhnean eile airson cuirm shònraichte na Gàidhlig a chur air adhart gach bliadhna			✓	✓	✓
Cuiridh sinn piseach air mar a bhios sinn a' tabhann seirbheis dà-chànanach ris a' phoball	Le leudachadh faicsinneachd is comas-gnìomh subsaint ann an Gàidhlig, no aig a bheil ceangail ris a' Ghàidhlig thar làraichean air loidhne aig ÀEA. Gu sònraichte am prìomh làrach-lìn againn is an stòr-dàta SCRAN	✓	✓	✓	✓	✓
Thèid barrachd Gàidhlig a chleachdadh agus bidh i nas follaisiche an lùib ar n-iomhaigheachd is conaltradh corporra	Thèid Gàidhlig fhisge a-steach barrachd do ar modhan conaltraidh le bhith: <ul style="list-style-type: none"> A' sgaoileadh bhrathan-naidheachd dà-chànanach gu nàiseanta, gu sgìreil agus gu h-ionadail a bhios a' dèiligeadh ri cuspairean sònraichte agus thèid sin a dhèanamh a rèir 's de an t-àite dham buin an naidheachd, a bheil iomradh soilleir air a' Ghàidhlig, agus a bheil Gàidhlig mar phàirt den tachartas air a bheilear a' dèanamh sanasachd. A' cleachdadh nam modhan-conaltraidh airson ar buill gus a' Ghàidhlig a chur air adhart am measg buill ÀEA A' cleachdadh subsaint Ghàidhlig is dà-chànanach anns na h-iomairtean nàiseanta aig ÀEA 	✓	✓	✓	✓	✓
Bheir sinn leudachadh air comasan Gàidhlig an luchd obrach agus brosnachadh sinn a h-uile duine gu bhith cur sùim sa chànan	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air luchd-obrach gus tomhais fhaighinn air an ìre de sgilean, comasan is eòlas a th' aca air a' Ghàidhlig is cuideachd am misneachd aca son na Gàidhlig a chleachdadh. Bheir na toraidhean a thig a-mach às an sgrùdadh stiùir do bharrachd threànadh	✓				
	Thèid Gàidhlig fhisge a-steach do ar modhan-fastaidh barrachd le bhith: <ul style="list-style-type: none"> Ag iarraidh air luchd-obrach le Gàidhlig a dhol an sàs ann an iomairtean fastaidh, margaidheachd agus ann an subsaint do na meadhanan A' tabhann eadar-theangachadh airson a h-uile tuairisgeul obrach aig ÀEA, agus a' gabhail ri iarrtasan airson dhreuchdan a tha sgrìobhte ann an Gàidhlig 	✓	✓	✓	✓	✓
	Thèid cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh an lùib obair ÀEA le bhith: <ul style="list-style-type: none"> Ag eadar-theangachadh nan deich foirmichean as motha a thèid a chleachdadh taobh a-staigh na buidhne ach a-mhàin am foirm airson Chosgaisean Siubhail is Bith-beò Ga dhèanamh follaiseach gun urrainnear ainm gach dreuchd aig ÀEA eadar-theangachadh agus stuthan luchd-obrach leithid chairtean-gnothachais A' cruthachadh bhun-riochdan agus stiùireadh do dhaoine a tha ag iarraidh Gàidhlig a chleachdadh an lùib a' chonaltraidh a nì iad no sna puist-d aca 	✓	✓	✓	✓	✓



A' MEASADH NA THA SINN A' COILEANADH

Tha sinn air ar Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC) a dhealbh gus measadh a dhèanamh air na tha sinn a' coileanadh mu choinneamh nan trì prìomh amasan sa *Phlana Cànanain Nàiseanta Ghàidhlig 2017-2022* agus tha iad a' dèanamh ceangal ri ar còig raointean corparra.

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig			
Àireamh a' PhCC	Mar a thèid a mheasadh	Bun thomhas stèidhichte: bliadhna	A' bhuil air a bheilear ag amas (Bliadhna 5)
PCC - 1 Bidh Gàidhlig air a cleachdadh barrachd an lùib nan seirbheisean do luchd tadhail	Toraidhean an Sgeama aig Caisteal Urchadain agus na Ro-innleachd airson Luchd-obrach Saor-thoileach	1	Thèid feum a dhèanamh den aithisg bho bhliadhna 5 den sgeama aig Caisteal Urchadain agus na toraidhean a thig bhon ro-innleachd airson luchd-obrach saor-thoileach Gàidhlig gus stiùireadh a thoirt do dh'obair aig làraichean eile san ùine air thoiseach
PCC - 2 Bidh Gàidhlig air a cleachdadh barrachd taobh a-staigh ÀEA	An urrad de luchd-obrach a tha an sàs ann an trèanadh is luachadh na Gàidhlig	5	Cuiridh an sgioba eadar theangachaidh Gàidhlig air ainm a h-uile dreuchd aig ÀEA agus air na deich foirmichean as motha a thèid a chleachdadh taobh a-staigh na buidhne ro bhliadhna 5
PCC - 3 Barrachd taice do chleachdadh na Gàidhlig an lùib roinn an dualchas is an turasachd	Taic do ro-innleachdan tar-roinneil airson cleachdadh na Gàidhlig	1	Bidh ÀEA an sàs ann agus a' cur ar làn-thaic ri ro-innleachd turasachd Ghàidhlig agus ri ro-innleachdan tar-roinneil eile airson cleachdadh na Gàidhlig
PCC - 4 Bidh Gàidhlig air a cleachdadh agus air a taisbeanadh barrachd an lùib ar cruinneachaidhean is clàran nàiseanta	Rannsachadh agus modhan-comharrachaidh	2	Bidh sinn air modhan a dhealbh gus nithean Gàidhlig a chomharrachadh agus a thaisbeanadh mar chruinneachaidhean fa leth agus thèid sanasachd a dhèanamh air sin



A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig			
Àireamh a' PhCC	Mar a thèid a mheasadh	Bun thomhas stèidhichte: bliadhna	A' bhuil air a bheilear ag amas (Bliadhna 5)
PCC - 5 Bidh ar prògram ionnsachaidh Gàidhlig nas freagarraiche, le buaidh a bharrachd agus thèid barrachd co-roinn a dhèanamh air stuthan ionnsachaidh	Measadh ri linn nam molaidhean is nan crìochan a tha na phàirt den leirmheas air a' phrògram ionnsachaidh tro Ghàidhlig againn	1-3	Tha am prògram ionnsachaidh againn na shàr eisimpleir de phrògram a bhios a' brosnachadh mhion-chànain taobh a-staigh roinn an dualchas is an turasachd
PCC - 6 Bidh barrachd eòlais, chomasan agus misneachd aig luchd obrach ÀEA a thaobh a bhith cleachdadh na Gàidhlig agus bidh barrachd dhiubh ga h-ionnsachadh	Sgrùdadh sgilean Gàidhlig ar Luchd-obrach	1	Targaidean: Eòlas air a' Ghàidhlig - + 20% Comasan cànan - + 10% Ag Ionnsachadh - + 15 luchd obrach

A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig			
Àireamh a' PhCC	Mar a thèid a mheasadh	Bun thomhas stèidhichte: bliadhna	A' bhuil air a bheilear ag amas (Bliadhna 5)
PCC - 7 Brosnaichidh sinn barrachd tuigse air a' Ghàidhlig a tha stèidhichte air fianais	Mar a bhios daoine a' gabhail cothrom air a' ghoireas fiosrachaidh Gàidhlig air-loidhne, agus mar a thèid na stuthan bhon ghoireas a cho-roinn, agus a' dèanamh measadh leis a' ghoireas air-loidhne	2	Bidh am mòr-shluagh agus luchd-tadhail nas mothachaile air mar a bhuineas a' Ghàidhlig ris an àrainneachd eachdraidheil agus dè cho mòr 's a tha an cànan na pàirt den àrainneachd eachdraidheil
PCC - 8 Bidh barrachd susbaint, sheirbheisean, phròiseactan agus thachartasan Gàidhlig aig ÀEA a tha ruighinn air luchd-ùidhe ùra	Structar-aithris taobh a-staigh na buidhne	1	Bidh dùblachadh air tighinn air an àireamh dhaoine a tha dol an sàs ann no a' dèanamh feum de sheirbheisean is iomairtean Gàidhlig ÀEA agus an dùblachadh sin stèidhichte air bun-àireamh a thèid a stèidheachadh sa chiad bhliadhna



COILEANADH IS SGRÙDADH AR PLANA GÀIDHLIG

An Tional : Buidheann-obrach na Gàidhlig

Thèid riochdairean no *Gaisgich* bho air feadh na buidhne air Buidheann-obrach na Gàidhlig agus bidh e an urra riutha Plana Coileanadh Gàidhlig a dhealbh agus poileasaidhean Gàidhlig a chur an sàs sna roinnean is fo-sgiobaidhean aca. Bidh na riochdairean sin nan tosgairean airson cànan is cultar na Gàidhlig sna raointean-obrach aca agus bidh iad le chèile a' gabhail uallach airson coileanadh a' Phlana agus a bhith fighe cinn uidhe a' Phlana a-steach do dh'obair na buidhne.

Sgrùdadh is Measadh

Thèid aithisg-sgrùdaidh a dhèanamh le Oifigear Planadh is Poileasaidh na Gàidhlig gach bliadhna agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig. San aithisg sin nithear measadh air an adhartas a rinneadh gach bliadhna mu choinneamh nam PCC, agus leis a' chlàr-ama againn airson gnìomhan a choileanadh.

Mar a thèid am Plana a mhaoineachadh

Bidh gach roinn a' gabhail uallach airson am Plana a mhaoineachadh agus iad a' toirt seachad pàirt den phrìomh mhaoineachadh aca bho thaobh a-staigh nam bun-bhuidseatan. Nuair a tha maoineachadh a bharrachd a dhìth gus amasan phròiseactan a choileanadh no airson leudachadh air cinn-uidhe ar pròiseactan Gàidhlig, faodaidh ar n-Oifigear Planadh is Poileasaidh na Gàidhlig cuideachadh le bhith toirt comhairle seachad air tobraichean maoineachaidh eile taobh a-muigh na buidhne.

Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail (MAR)

A thaobh nan slatan-tomhais a chithear ann am Pàipear-taice 2 de dh'Achd nam Measaidhean Àrainneachd (Alba) 2005, tha sinn air codhùnadh a dhèanamh nach toir Plana Gàidhlig ÀEA 2018 – 2023 buaidh sam bith, no nach toir e mòran buaidhe idir, air an àrainneachd. Chaidh fios mun cho-dhùnadh againn a chur gu na h-Ùghdarrasan Co-chomhairleachaidh iomchaidh aig ÀEA air 15 Lùnastal 2016. Mar sin, fo Earrainn 7 de dh'Achd nam Measaidhean Àrainneachd (Alba) 2005, chan eil measadh àrainneachd a dhìth mus tèid am Plana a ghabhail os làimh.

Measadh na Buaidhe air Co-ionannachd (MBC)

Rinn sinn aithisg-sgrùdaidh a thaobh ar dleastanasan fo Achd na Co-ionannachd 2010. San aithisg sin chaidh co-dhùnadh a dhèanamh nach robh mòran fianais idir ann a bhiodh a' ciallachadh gum feumar làn-mheasadh a dhèanamh air a' bhuidheann air co-ionannachd, getà, bheir sinn seachad na toraidhean a fhuaras agus ar sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh agus brosnachaidh sinn na buidhnean compàirteach againn bhon roinn againn agus bhon roinn phoblaich gus beachdan a thoirt seachad a thaobh atharraichean a dh'fhaodamaid a dhèanamh air a' Phlana no cùisean far a bheil tuilleadh rannsachaidh a dhìth.





CEÒL NA CAIS
AN RÌGH ANNS



MEACHD,
A' BHLÀR.



'S i am prìomh oifigear le uallach san fharsaingeachd airson a' phlana Gàidhlig ÀEA:

Lisa McGraith

Stiùiriche Conaltraidh
Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Taigh Longmore
Ceàrn Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8852
Post-d: lisa.mcgrath@hes.scot

Ma tha ceist agaibh mun *Phlana Ghàidhlig* againn, feuch gun cuir sibh fios gu ar n-Oifigear Planadh is Poileasaidh na Gàidhlig:

Ruairidh Greumach

Oifigear Planadh is Poileasaidh na Gàidhlig
Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Taigh Longmore
Ceàrn Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8985
Post-d: ruairidh.graham@hes.scot



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA